



CAISTEAL SRUIGHLEA

Tha Caisteal Sruighlea air aon de na dachaighean rìoghail as cliùitiche ann an Alba. Chithear e air fàire airson iomadh mìle mun cuairt air. Tha e na dhaingneach làidir a bharrachd air a bhith na phrìomh eisimpleir de dh'ailtearachd Linn an Ath-Leasachaidh.

Dh'fhàg linnntean de mhonarcan an comharran fhèin air a' Chaisteal – a' cur thogalaichean na bu mhaisiche ris mar chuimhneachan maireannach air an riaghladh. Dh'fhiosraich Banrighrean òga agus Rìghean Gaisgeach cofhurtachd agus aoibhneas a' chaisteil. 'S e lùchairt thoileach a bh' ann far am biodh fèistean aig monarcan airson tachartasan sònraichte na stàite a chomharrachadh.

Airson Mairi, Banrigh na h-Alba, 's e àite falaich a bh' ann bho a naimhdean nuair a bha i na nighinn, agus b' ann an sin a chaidh a mac Seumas a bhaisteadh mus tàinig e gu bhith na Rìgh a dh'aoanaich crùin Alba agus Shasainn.

'S e Caisteal Sruighlea aon de na 345 ionadan dualchais a tha ann an cùram Alba Eachdraidheil. Am measg nan ionadan sin, tha àiteachan-còmhnaidh ro-eachdraidheil agus lùchairtean, cuid de phrìomh ionadan turasachd na dùthcha.

Airson fiosrachadh, theirig gu www.historic-scotland.gov.uk

FIOSRACHADH FARSAINN

Faighinn Thuige: Aig iomall Seann Bhaile eachdraidheil Shruighlea, far an M9, ceangal-rathaid 9 no 10.

Fosgailte: Fad na bliadhna, 7 latha san t-seachdain. 1 Giblean - 30 Sultain 9.30m gu 6f. 1 Dàmhair - 31 Màrt 9.30m gu 5f. Thèid an tiogaid mu dheireadh a reic 45 mionaidean ro àm dùnaidh. Taigh-tasgaidh nan Rèisimeidean a' dùnadh 45 mionaidean ron chaisteil. Dùinte Latha na Nollaige agus an ath latha.

Cuir fios gu: Fòn: 01786 450000, Post-d hs.stirlingcastle@scotland.gsi.gov.uk no theirig gu www.stirlingcastle.gov.uk

Tiodhlacan agus Bìadh: Tha an dà bhùth aig a' chaisteil a' reic deagh mheasgachadh de chuimhneachain, leabhraichean agus tiodhlacan. A bharrachd air sin, tha bùtha Clan Shop air an rathad a-steach ri taobh an àilein.

Annas a' chafaidh Unicorn, gheibh sibh taghadh de bhiadh teth agus fuar, biadh aotrom agus cèicean.

Cuairtean Stiùirichte: Tha prìs gach tiogaid a' gabhail a-steach cuairt stiùirichte den Chaisteal agus Taigh-fuirich Earra-Ghàidheil.

Tha e comasach eadar-theangachadh ann an iomadh cànan eadar-dhealaichte fhaighinn air màl.

Ruigsinneachd: Tha e comasach do luchd-turais sam bith aig a' bheil trioblaid le leathaidean cas a' chaisteil no steapaichean carbad a chleachdadh an asgaidh. Chan eil na Cidsinean Meadhan-aoiseil, an Tùr Elphinstone no Taigh-tasgaidh nan Rèisimeidean freagarrach airson luchd-turais a tha a' cleachdadh cathraichean-cuibhle.

-  Pàirce Chàraichean
-  Pàirce Bhusaichean
-  Taighean-beaga
-  Taisbeanadh air Eachdraidh
-  Ionad Luchd-turais
-  Taigh-bidh/cafaidh
-  Bùtha
-  Freagarrach airson Cathair-cuibhle
-  Taighean-beaga airson Ciorramaich
-  Ionad-pìocnaic

 Duais Turasachd Uaine



RI FHAICINN AGUS RI DHÈANAMH

Faic taisbeanadh de eachdraidh a' chaisteil agus faigh a-mach mu dhaoine agus mu thachartasan cudromach.

Faic an **Seapal Rìoghail** eireachdail a chaidh ath-thogail ann an 1594 le Rìgh Seumas VI.

Beachdaich air maise an **Talla Mhòir**, am fear as motha a chaidh a thogail riamh ann an Alba, far an coinnicheadh uaislean agus rìghrean airson cuirmean sònraichte.

Faigh blas de dhòigh-beatha na 16mh linn anns na **cidsinean meadhan-aoiseil** anns am biodh bangaidean iongantach air an ullachadh anns an Talla Mhòr.

Faigh a-mach mu eachdraidh nan Argyll and Sutherland Highlanders ann an **Taigh-tasgaidh nan Rèisimeidean**.


Tadhail air an **stiùidio brat-grèise** far am bheil breabadairean a' cruthachadh bhratan-grèise a tha gu bhith air an crochadh anns an Lùchairt.

Gabh cuairt air **Taigh-fuirich Earra-Ghàidheil**, taigh brègha Iarlan Earra-Ghàidheil.

Gabh beachd air seallaidhean àlainn den dùthaich mun cuairt agus coimhead a-mach thairis air na ballaichean-dion gu làrach Blàr Drochaid Shruighlea far an tug feachdan Alba buaidh air na Sasannaich.

PRÒISEACT AN LÙCHAIRT

Tha Alba Eachdraidheil an-dràsta an sàs ann am pròiseact inntinneach gus an Taigh-fuirich Rìoghail aig Lùchairt Seumas V a thaisbeanadh mar a bhiodh e ann am meadhan na 16mh linn nuair a bha Mary of Guise a' fuireach ann le a leanabh, Màiri Banrigh nan Albannach. Bu chòir dhan phròiseact seo tighinn gu crìch ann an 2011 agus, chun a sin, tha an Lùchairt dùinte do luchd-tadhail. Ann an 2011, chithear seòmraichean rìoghail snasail, àirneis annasach agus cleasaichean a bheir eachdraidh beairteach a' chaisteil beò.



RANNSAICH ALBA EACHRAIDHEIL

Ma tha sibh a' siubhal air feadh Alba, tha **Explorer Pass** a' toirt dhuibh an cothrom faighinn a-steach do na h-ionadan gu lèir aig Alba eachdraidheil, nam measg Caisteal Dun-Èideann.

Faigh barrachd fiosrachaidh air do thuras.

